

MA24: A' Fàgail na Dùthcha

Leaving the Country

Presenter: Angela NicAoidh (Angela Mackay)



ÌRE: **Meadhanach-Àrd**
CUSPAIR: **A' Fàgail na Dùthcha**
PUINGEAN CÀNAIN: **Dleastanas no Iarrtas**

LEVEL: **Intermediate-Advanced**
TOPIC: **Leaving the Country**
LANGUAGE POINTS: **Expressing Requests or Obligation**

ANGELA:

Theab nach tug Magaidh Bheag thairis an t-seachdain sa chaidh. Bha aice ris a h-uile dad fhaighinn deiseil bhon a bha i a' fàgail air a' chiad phlèan à Beinn na Fadhla gu ruige Ghlaschu madainn Disathairne, agus a' dol às an sin dhan Eilbheis airson seachdain sgithidh. Mar sin, bha i na ruith agus na leum fad na seachdain a' feuchainn ri cùisean a chur ann an seòrsa de dh'òrdugh mus fhalbhadh i. Bha aice ri tadhal air càirdean agus ri seòladh an taigh-òsta agus àireamh na fòn-làimhe aice fhàgail aca air eagal 's gun tachradh dad fhad 's a bha iad air falbh.

Bha an t-uabhas obrach aig Magaidh ri dhèanamh Dihaoine. B' fheudar dhi an oifis a sgioblachadh agus thàinig oirre na pàipearan a bh' air an deasg aice a ghlasadh ann am preasa. Thàinig air Magaidh Bheag tadhal anns a' bhanca am feasgar sin a thogail airgead airson an turais. Dh'fheumadh i airgead gu leòr a thoirt leatha oir bha sgitheadh glè dhaor. B' fheudar dhi cuideachd tadhal anns na bùthan air an rathad dhachaigh a chionn 's gun robh aice ri biadh cait a cheannach agus greim fhaighinn air cuideigin a bhiathadh an cat fhad 's a bhiodh i air falbh.

Thadhail i air Màiri air an rathad dhachaigh às a' bhùth agus dh'fhaighnich i dhith am biodh ise deònach truinnsair bìdh a lìonadh dhan chat a h-uile latha. Dh'aontaich Màiri sin a dhèanamh agus thug sin faothachadh do Mhagaidh Bheag.

ANGELA:

Wee Maggie nearly gave up last week. She had to get everything ready because she was leaving on the first plane from Benbecula to Glasgow on Saturday morning, and going from there to Switzerland for a week's skiing. As a result, she was running and jumping all week trying to put things into some semblance of order before she left. She had to visit relatives and to give them the address of the hotel and her mobile phone number just in case anything happened while she was away.

Maggie had an awful lot of work to do on Friday. She had to tidy up the office and she had to lock all the paperwork that had been on her desk in a cupboard. Wee Maggie had to visit the bank that afternoon to pick up money for the trip. She'd have to take plenty of money with her because skiing was rather expensive. She also had to visit the shops on her way home because she had to buy cat food and to find someone to feed the cat while she was away.

She visited Mairi on the way home from the shop and asked her if she'd be willing to fill a dish for the cat every day. Mairi agreed to do so and that was a great relief for Wee Maggie.

MA24: A' Fàgail na Dùthcha

Leaving the Country

Presenter: Angela NicAoidh (Angela Mackay)



ANGELA:

B' fheudar do Mhagaidh aodach blàth a thoirt leatha. Bha seacaid bhlàth aice ach thàinig oirre ad bhlàth a cheannach mus do dh'fhalbh i. Bha aice cuideachd ri stocainnean ùra blàth a cheannach airson nam brògan sgithidh aice. Bha màileid Magaidh cho làn 's gum b' fheudar dhi suidhe oirre airson a dùnadh.

Thàinig air Magaidh èirigh tràth madainn Disathairne a chionn 's gun robh aice ris an taigh uile a sgioblachadh mus do dh'fhàg i. B' fheudar dhi an t-ùrlar a sguabadh agus na soithichean a nighe agus a thiomachadh. B' fheudar dhi cuideachd fònadh dhan bhùth airson stad a chur air na pàipearan-naidheachd.

Bha aig Magaidh ri tagsaidh fhaighinn dhan phort-adhair air sàillibh 's nach robh còmh-dhail eile aice. Thàinig an tagsaidh aig deich uairean agus b' fheudar dhan dràibhear Magaidh a chuideachadh le a màileid.

Nuair a ràinig iad am port-adhair dh'èigh iad air Magaidh agus thàinig oirre a màileid fhosgladh aon uair eile. B' fheudar dhi a h-uile dad a thoirt a-mach aiste agus bha aice ri a seacaid agus a brògan a thoirt dhith cuideachd. B' fheudar do Mhagaidh cuideachadh iarraidh airson a màileid a dhùnadh air ais.

Dh'innis an luchd-obrach do Mhagaidh gum biodh am plèan uair air dheireadh. Bha an t-acras air Magaidh Bheag a bhualadh is b' fheudar dhi cupa cofaidh agus pìos cèic a cheannach aig a' phort-adhair.

ANGELA:

Maggie had to take warm clothing with her. She had a warm jacket, but she had to buy a warm hat before she left. She also had to buy new warm socks for her ski boots. Maggie's case was so full that she had to sit on it to close it.

Maggie had to get up early on Saturday because she had to tidy the house before she left. She had to sweep the floor and wash and dry the dishes. She also had to phone the shop to stop the newspapers.

Maggie had to get a taxi to the airport because she had no other transport. The taxi arrived at ten o'clock and the driver had to help Maggie with her case.

When they arrived at the airport, Maggie was called and had to open her case once again. She had to take everything out of it and she had to take off her jacket and shoes too. Maggie had to ask for help to close her case again.

The staff told Maggie that the plane would be delayed by one hour. Wee Maggie was feeling hungry so she had to buy a cup of coffee and a slice of cake at the airport.

MA24: A' Fàgail na Dùthcha

Leaving the Country

Presenter: Angela NicAoidh (Angela Mackay)



ANGELA:

Bha Magaidh glè thaingeil nuair a ràinig i Geneva an oidhche ud. Bha na trèanaichean an sin air an uair mar a b' àbhaist agus cha tàinig oirre feitheamh fada sam bith airson tè fhaighinn gu ruige baile beag Wengen agus beanntan mòra na h-Eilbheis. Choinnich bana-charaid i aig an stèisean an sin agus cha tàinig oirre car obrach a dhèanamh fad seachdain!

ANGELA:

Maggie was glad when she got to Geneva that night. The trains there were running on time as usual and she didn't have to wait for very long to catch one to the village of Wengen and the high mountains of Switzerland. Her friend met her at the station there and she didn't have to do a stroke of work for a whole week!